



OILTHIGH DHÙN ÈIDEANN

Plana Gàidhlig

2013–2018





OILTHIGH DHÙN ÈIDEANN

Plana Gàidhlig 2013–2018

Clàr-innse

	Duilleag
Facal-tòiseachaidh	3
Cruth a' Phlana Ghàidhlig	4
Caibideil 1 Ro-ràdh	5
Oilthigh Dhùn Èideann san fharsaingeachd	5
Structar Oilthigh Dhùn Èideann	5
Riaghladh Oilthigh Dhùn Èideann	5
Gàidhlig ann am baile Dhùn Èideann	6
Fiosrachadh bhon chunntas-sluaigh	6
Gàidhlig aig Oilthigh Dhùn Èideann	7
Ceisteachan Gàidhlig	8
Co-chomhairle air a' Phlana Ghàidhlig	9
Caibideil 2 Bun-dhleastanasan	10
Aithne	10
Conaltradh	11
Foillseachadh	12
Luchd-obrach	13
Caibideil 3 Buaidh aig poileasaidh air Gàidhlig: A' Cur Plana Nàiseanta na Gàidhlig an gnìomh	16
Buaidh aig poileasaidh air Gàidhlig	16
Sealladh farsaing air Plana Nàiseanta na Gàidhlig	16
Dleastanasan a rèir Amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig	17
Teagasg agus taic fho-cheumnach	17
Rannsachadh agus sgoilearachd lar-cheumnach	18
Beatha an Oilthigh	18
Dàimhean coimhearsnachd is lonnsachadh Fad-bheatha	19
Caibideil 4 Cur an gnìomh is dearcnachadh	20
Clàr-ama	20
Sgaoileadh fios mun Plana	20
Eagrachadh rianachd airson am Plana Gàidhlig a chur an gnìomh	20
A' Cur fios thugainn	21

Facal-tòiseachaidh

Tha an sgrìobhainn seo a' cur an cèill dealas an Oilthigh airson ar Plana Gàidhlig.

Tha eachdraidh fhada aig a' Ghàidhlig aig Oilthigh Dhùn Èideann agus tha sinn moiteil às; stèidhich sinn a' chiad Chathair na Ceiltis a bha riamh ann an Alba ann an 1882, agus bho na 1990an tha roinn na Ceiltis is Eòlas na h-Alba air a bhith gu mòr an sàs ann an leasachadh rannsachadh agus poileasaidh na Gàidhlig ann an Alba. Tha an obair seo air cùl-taic a thoirt do luchd-cruthachaidh poileasaidh ann an riaghaltas ionadail is nàiseanta agus ann an diofar bhuidhnean Gàidhlig, gu h-àraidh ann am foghlam, far an do chuidich an rannsachadh againn Bòrd na Gàidhlig ann a bhith a' deasachadh phlanaichean airson leasachadh ro-innleachdail a' chànain.

Tha Oilthigh Dhùn Èideann mothachail air cho cugallach 's a tha staid na Gàidhlig agus, ma tha spionnadh as ùr dol a thighinn air bruidhinn na Gàidhlig ann an Alba, gum feum an riaghaltas, na roinnean poblach is prìobhaideach, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt a bhith ag obair còmhla airson:

- inbhe na Gàidhlig a leasachadh;
- togail is ionnsachadh na Gàidhlig adhartachadh;
- cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh.


Tha an t-Oilthigh dealasach taic a chumail ris na h-amasan ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig, 2012-2017, aig Bòrd na Gàidhlig agus a' miannachadh na structaran agus iomairtean a stèidheachadh a chuidicheas gus dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig fallainn ann an Alba san àm ri teachd.

Ann a bhith sgrìobhadh ar Plana Gàidhlig, tha sinn air feart iomchaidh a thoirt gu earrann 3.2 ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2012-17, freagairtean don cho-chomhairle phoblach a rinn sinn air dreachd de phlana an Oilthigh, agus comhairle is molaidhean bho Bhòrd na Gàidhlig.

Tha sinn toilichte gun urrainn dhuinn pàirt a ghabhail ann a bhith a' cruthachadh seasmhachd don Ghàidhlig ann an Alba san àm ri teachd, a' togail inbhe a' chànain san Oilthigh agus a' cruthachadh chothroman practaigeach airson a cleachdadh.

Tha an sgrìobhainn seo ag innse ciamar a chleachdas an t-Oilthigh Gàidhlig ann an coileanadh ar n-obrach, ciamar a libhrigear sinn cothroman air Gàidhlig a chleachdadh ann an conaltradh leis a' mhòr-shluagh agus le prìomh chom-pàirtichean, agus ciamar a chuireas sinn Gàidhlig air adhart agus a leasaicheas sinn i.

Leis gach deagh dhùrachd



An t-Ollamh Timothy O'Shea

Prionnsapal agus Iar-sheansalair

Cruth a' Phlana Ghàidhlig

Is iad na prìomh phàirtean den Phlana Ghàidhlig againn:

Caibideil 1 – Ro-ràdh

Tha an caibideil seo ag innse eachdraidh is co-theacsa deasachadh ar Plana Ghàidhlig agus mar a tha prìomh obraichean Oilthigh Dhùn Èideann air an eagrachadh. Tha tuairisgeul-sluaigh ann cuideachd air luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Dùn Èideann.

Caibideil 2 – Bun-dhleastanasan

Tha an caibideil seo ag innse ciamar a chleachdas Oilthigh Dhùn Èideann Gàidhlig anns na prìomh ghnothaichean againn, agus ciamar a stèidhicheas sinn cothroman Gàidhlig a chleachdadh. Tha e a' cur aghaidh air prìomh raointean-obrach leithid aithne chorporra, soidhnichean, conaltradh leis a' phoball agus cleachdadh na Gàidhlig air an làraich-lìn againn. Tha an caibideil seo a' stèidheachadh na h-ìre as lugha de sholarachadh Gàidhlig a tha sinn a' gealltainn feadh rèis a' Phlana.

Caibideil 3 – Buidh aig Poileasaidh air Gàidhlig: A' Cur Plana Nàiseanta na Gàidhlig an Gnìomh

Tha an caibideil seo ag innse ciamar a chuidicheas Oilthigh Dhùn Èideann gnìomhachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Tha e cuideachd a' sealltainn ciamar a tha sinn an dùil cleachdadh na Gàidhlig a chur an sàs ann am planadh is lìbhrigeadh seirbheis, gu h-àraidh a thaobh poileasaidh. Cuideachd, seallaidh e ciamar a bheir sinn feart air a' Ghàidhlig agus am Plana Ghàidhlig againn nuair a sgrìobhas sinn poileasaidhean ùra agus a bheachdaicheas sinn air ro-innleachdan ùra.

Caibideil 4 – Cur an Gnìomh is Dearcnachadh

Tha an caibideil seo ag innse ciamar a bheir sinn air adhart gnìomhachadh ar Plana Ghàidhlig, agus ciamar a thèid gnìomhachadh agus builean a dhearcnachadh.

CAIBIDEIL 1

Ro-ràdh

Oilthigh Dhùn Èideann san fharsaingeachd

Is e Oilthigh Dhùn Èideann (an t-Oilthigh) aon de sheann oilthighean na h-Alba, agus am fear as motha, le mu 32,000 oileanaich; sin, 21,000 fo-cheumnaich (FC) agus 11,000 iar-cheumnaich (IC). Tha beagan a bharrachd air 8,000 ann an sgioba-obrach an Oilthigh, 3,500 aca ri dreuchdan sgoilearach. Tha fèin-aithne dha-rìribh Albannach aig Oilthigh Dhùn Èideann, stèidhichte mar a tha e ann am prìomh bhaile na h-Alba, ach tha ar buaidh agus sealladh a' sgaoileadh thar an t-saoghal. Tha mu 30 sa cheud de na h-oileanaich againn a' tighinn thugainn bho chòrr is 120 dùthaich taobh a-muigh na RA, agus am measg nan ceanglaichean eadar-nàiseanta againn tha ballrachd ann an Universitas 21 agus Co-bhanntachd Oilthighean Rannsachaidh na Roinn Eòrpa.

Tha an t-Oilthigh a' tabhann raon farsaing de chùrsaichean is phrògraman: tha sinn a' teagasg an roghainn chuspairean as motha an Alba agus an treasamh as motha sa RA. Tha na h-oileanaich againn an-dràsta ag ionnsachadh ann an 103 de na 144 prìomh chuspairean a chaidh ainmeachadh le Buidheann Staitistearachd an Àrd-fhoghlaim (HESA). Is e an fharsaingeachd seo aon de na buadhan as motha a th' againn, a tha anabarrach tarraingeach do dh'oileanaich. Tha na fo-cheuman ceithir-bliadhna againn a' freagradh gu math ri frèaman barantais nàiseanta is eadar-nàiseanta agus tha iad a' tabhann tomhas math de shùbailteachd. Tha sinn cuideachd a' tabhann raon a tha a' sìor fhàs de phrògraman cheuman iar-cheumnach air an teagasg aig ìre mhaighstireil agus, mar a bhiodh nàdarra aig aon de na prìomh h-oilthighean dian-rannsachaidh san RA, tha mòran shàr-chothroman ann do dh'oileanaich a thaobh rannsachaidh aig ìre iar-cheumnaich.

Tha an t-Oilthigh ag amas air teagasg, aig ìre IC agus FC, a tha air a neartachadh le cùl làidir ann an rannsachadh. Tha an dealas a th' againn airson rannsachadh ri fhaicinn anns an Eacarsaich Measaidh Rannsachaidh (RAE) mu dheireadh, a sheall gu bheil 63 sa cheud de dh'obair-rannsachaidh an Oilthigh ga mheas aig na h-ìrean as àirde (4* agus 3*), leis an treas cuid den 63 sa cheud seo ga mheas 'aig ìre as àirde san t-saoghal'. Bha tagradh rannsachaidh an Oilthigh am measg an fheadhainn as motha agus as iomlaine san RA. Tha toraidhean RAE 2008 a' cur an Oilthigh am measg nan còig as àirde san RA agus sa chiad àite an Alba a rèir uiread rannsachaidh 4* 'aig ìre as àirde san t-saoghal'.

Structar Oilthigh Dhùn Èideann

Tha structar acadaimigeach an Oilthigh stèidhichte air trì Colaistean: Colaiste nan Daonnachdan is Saidheans Sòisealta (CHSS), a' Cholaiste Saidheans is Innleadaireachd (CSE), agus Colaiste Leighis is Leigheas Ainmhidhean (CMVM). Tha cumhachdan is ùghdarras susbainteach gan tiomnadh air na Colaistean. Tha Iar-Phrionnsapal an ceann gach tè air a bheil uallach airson planaichean na Colaiste a libhrigeadh, a' gabhail a-steach phlanaichean ionnsachaidh is teagaisg. Ged a tha eadar-dhealachadh mòr eadar àireamhan oileanach anns gach Colaiste (tha mu 58% de na h-oileanaich uile ann an CHSS, 13% ann an CMVM agus 29% ann an CSE), tha iad mun aon mheud mar 'aonadan gnothaich' (a chionn gu bheil uiread na cosgaisean agus meud rannsachaidh maoinichte bhon taobh a-muigh mòran nas motha ann an saidheansan agus leigheas na tha anns na daonnachdan).

Tha na Colaistean air an roinn ann an Sgoiltean (22 uile gu lèir). Is iad na Sgoiltean na bunaitean airson teagasg agus rannsachadh, gu h-àraidh ann an CSE agus CHSS; ann an CMVM tha teagasg ga libhrigeadh tro thrì Buidhnean Teagaisg (Bith-leigheas, Leigheas Ainmhidhean agus Iar-cheumnach) agus Oifis na Colaiste.

Tha tomhas math de shaorsa aig Colaistean agus Sgoiltean a bhith a' leasachadh nan cleachdaidhean as fheàrr dhaibh fhèin fo sgèith nam poileasaidhean agus structaran a tha air an sònrachadh aig ìre an Oilthigh. Bidh iad uile a' gèilleadh ri, agus ag obair a dh'ionnsaigh, sealladh ro-innleachdail an Oilthigh a tha air a mhìneachadh anns a' Phlana Ro-innleachdail.

Tha structar riaghlaidh tiomnaichte aig an Oilthigh air sgàth a mheud agus leudachd a raon-obrach. Tha teachd a-steach bliadhnail mu £700 millean aig an Oilthigh agus oighreachd de mu 200 togalach agus mu 600,000m² de dh'àrainneachd sgoilearaich. Is e aon de phrìomh bhuannachdan structar tiomnaichte gum faighear air innleachdan a chur an gnìomh aig ìre ionadail, a' freagradh feumalachdan sònraichte nan oileanach agus an luchd-obrach anns an raon sin.

Riaghladh Oilthigh Dhùn Èideann

Tha an t-Oilthigh air a riaghladh le Cùirt an Oilthigh. Is ann air a' Chùirt a tha an t-àrd-uallach airson stòras a riarachadh agus airson planaichean ro-innleachdail an Oilthigh. Bidh e cuideachd a' dearcnachadh air gnìomhadh an Oilthigh san fharsaingeachd. Tha a'

Chùirt air a stiùireadh leis an Reachdair, a thèid a thaghadh gach trì bliadhna leis na h-oileanaich agus an luchd-obrach, agus chan fhaod oileanach no neach-obrach san Oilthigh seasamh airson na dreuchd seo.

Is e a' phrìomh bhuidheann sgoilearachd an Senatus Academicus (Seanadh), a tha ga stiùireadh leis a' Phrionnsapal agus a bhios a' coinneachadh trì tursan gach bliadhna acadaimigeach. Ro gach coinneimh den t-Seanadh tha àm stèidhichte ann airson gnòthaichean dealanach (no an 'Seanadh-d'). Is ann air an t-Seanadh a tha an t-àrd-uallach airson inbhean sgoilearachd an Oilthigh. Bidh coinneamhan an t-Seanadh a' tòiseachadh le taisbeanadh is seisean deasbaid air cùis ro-innleachdail chudromach, le gnòthach foirmeil ga bheachdachadh às dèidh sin. Tha a' mhòr-chuid de dheasbaidan an t-Seanadh o chionn ghoirid air a bhith mu dheidhinn ionnsachadh is teagasg, a' gabhail a-steach ais-bheachdan, ionnsachadh-d, uidheamachadh airson obair a lorg agus buadhan luchd-ceuma.

Gàidhlig ann am baile Dhùn Èideann

Is e oilthigh eadar-nàiseanta a th' ann an Oilthigh Dhùn Èideann, le luchd-obrach is oileanaich à gach ceàrnaidh den t-saoghal, ach tha stèidh làidir aige ann am prìomh bhaile na h-Alba. Ged nach eil dualchas na Gàidhlig cho follaiseach ann am baile Dhùn Èideann 's a tha e ann am badan eile den dùthaich, tha a' Ghàidhlig air a bhith ann an Dhùn Èideann airson còrr is mìle bliadhna, nuair a ghabh an rìoghachd Ghàidhlig air an robh Alba seilbh air agus a stèidhich iad e mar am prìomh bhaile aca. B' i a' Ghàidhlig cànan a' chumhachd ann an cùisean poilitigeach, eaconamach is cultarach airson dà cheud bliadhna no na b' fhaide mus do thòisich i a' dol an lughad san 12mh linn. Tha eachdraidh Ghàidhlig Dhùn Èideann ri faicinn fhathast ann an iomadh ainm-àite, leithid Braid (Bràghaid), Craigentinny (Creag an t-Sionnach) agus Dalry (Dail Fhraoich). Nas fhaise air an àm againn fhìn thòisich mòran Ghàidheal a thighinn a dh'fhuireach sa bhaile san 18mh linn, a' stèidheachadh coimhearsnachd Ghàidhealach a tha air a bhith ann on uair sin. Chaidh a' chiad eaglais Ghàidhlig a stèidheachadh san t-Seann Bhaile ann an 1769, agus tha seirbheisean Gàidhlig gan cumail a h-uile seachdain fhathast, a-nis aig Eaglais nam Manach Liath.

Tha Dhùn Èideann cuideachd air a bhith na àite cudromach a thaobh sgoilearachd is cultar na Gàidhlig ann an Alba. Chaidh a' chiad leabhar Gàidhlig fhoillseachadh ann an seo ann an 1567 agus a' chiad chruinneachadh bàrdachd ann an 1751. Tha mòran luchd-ealain is sgoilearan Gàidhlig air dachaigh a dhèanamh sa bhaile thar nan linntean, nam measg, am bàrd Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir (1724-1812), an t-eòlaiche beul-aithris Alasdair MacGilleMhìcheil (1832-1912), agus am bàrd Somhairle MacGill-Eain (1911-96),

a cheumnaich bhon Oilthigh ann an 1933. Tha mòran de na bàird is ùghdaran as ainmeile sa Ghàidhlig an-diugh air fuireach an Dùn Èideann, agus tha beatha chultarach Ghàidhlig a' bhaile air a cumail beothail le buidhnean leithid Bothan agus na còisirean Gàidhlig.

Bho 1988, tha Bun-sgoil Chrois na Cìse air a bhith a' tabhann foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, agus tha foghlam Gàidhlig àrd-sgoile ri fhaighinn aig Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbuig. Tha iartas airson foghlam Gàidhlig air fàs gu luath anns na beagan bhliadhnaichean a chaidh seachad agus, air sgàth sin, dh'fhosgail Comhairle Baile Dhùn Èideann bun-sgoil làn-Ghàidhlig ann am Bonnington, faisg air Lite, ann an 2013, agus 215 leanabh an sin.

A bharrachd air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, tha clasaichean do luchd-ionnsachaidh gan tabhann aig grunn bhun-sgoiltean ann an Dhùn Èideann tron sgeama Gàidhlig sa Bhun-sgoil (GLPS). Tha Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbuig air ùr thòiseachadh Gàidhlig a thabhann mar chuspair do luchd-ionnsachaidh cho math ri Gàidhlig do dh'fhileantaich.

Tha grunn bhuidhnean ann an Dhùn Èideann a' cur an gnìomh planaichean Gàidhlig: Riaghaltas na h-Alba, Pàrlamaid na h-Alba, Comhairle Bhaile Dhùn Èideann, Alba Aosmhor, Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, Gailearaidhean Nàiseanta Alba, Leabharlann Nàiseanta na h-Alba, Alba Chruthachail agus Comhairle Maoineachaidh na h-Alba. Bidh an t-Oilthigh an conaltradh leis na buidhnean seo gu cunbhalach, ag amas air cleachdaidhean as fheàrr a roinn agus tachartasan is gnìomhan a chur air dòigh còmhla mar a bhios iomchaidh.

Bidh an t-Oilthigh an conaltradh gu cunbhalach le buidhnean Gàidhlig eile ann an Dhùn Èideann, cuideachd: Iomairt Ghàidhlig Dhùn Èideann, Bothan, Fèis Dhùn Èideann, An Comunn Gàidhealach, Coisir Ghàidhlig Dhùn Èideann, Coisir Ghàidhlig Lodainn, Bun-sgoil Taobh na Pàirce agus Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbuig. Nì seo cinnteach gum bi an t-Oilthigh èifeachdach ann a bhith a' co-obrachadh agus a' brosnachadh nan tachartasan is gnìomhan Gàidhlig aige.

Fiosrachadh bhon chunntas-sluaigh

A rèir cunntas-sluaigh 2011 bha 5,935 neach ann an Dhùn Èideann le comas air choireigin sa Ghàidhlig, sin 1.29% de dh'àireamh-sluaigh a' bhaile. Ged as e cuid bheag a tha seo, tha e cudromach toirt fa-near gur e mu 6.82% of de shluagh Gàidhlig na h-Alba air fad a th' ann.

Gàidhlig ann an Dùn Èideann, 2011:

buidhinn/leughadh/sgrìobhadh Gàidhlig	1,838
buidhinn is leughadh (ach gun sgrìobhadh) Gàidhlig	330
buidhinn (ach gun leughadh no sgrìobhadh) Gàidhlig	989
tuigsinn (ach gun buidhinn, leughadh no sgrìobhadh) Gàidhlig	1,952
leughadh (ach gun buidhinn no sgrìobhadh) Gàidhlig	675
measgachadh eile de chomasan sa Ghàidhlig	151
An t-iomlan	5,935 (1.29%)

Ged nach eil toraidhean canain mionaideach bhon chunntas-sluaigh 2011 rim faighinn fhathast, sheall cunntas-sluaigh 2001 gu bheil còrr is an còigeamh cuid (21.5%) de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Dùn Èideann a rugadh taobh a-muigh na h-Alba, an coimeas ri 8.27% de shluagh na dùthcha gu lèir. Tha an àireamh ann an Dùn Èideann nas àirde na ùghdarras ionadail sam bith eile an Alba.

Ann an 2001, cha robh ach 11.2% de luchd-labhairt na Gàidhlig sa bhaile fo aois 20 agus bha 48% eadar 20 is 44, an coimeas ri 21.6% agus 41% anns na buidhnean aoise seo ann an sluagh Dhùn Èideann air fad. Bha 14.3% nan oileanaich, an coimeas ri 11% den t-sluagh air fad. Is dòcha gur e an uiread dhaoine le Gàidhlig a thig don bhaile airson foghlam no obair an t-adhbhar airson a' phàtrain seo.

Tha ìre foghlaim gu math àrd aig luchd-labhairt na Gàidhlig: ann an 2001 bha ceumannan no barantasan proifeiseanta aig 46% dhiubh, an coimeas ri 33% de mhuinntir a' bhaile anns an fharsaingeachd. Bha 56% de luchd-labhairt na Gàidhlig ag obair ann an dreuchdan aig na trì ìrean sòisealta as àirde agus 18% ann an dreuchdan aig na trì ìrean as ìsle, an coimeas ri 49% agus 24% den t-sluagh iomlan.

Gàidhlig aig Oilthigh Dhùn Èideann

Thòisich solarachadh na Gàidhlig aig Oilthigh Dhùn Èideann ann an 1882, nuair a stèidhich an t-Oilthigh a' chiad Chathair Ceiltis an Alba, às dèidh iomairt phoblach fhada fo stiùir Iain Stiùbhart Blackie (1809-95), Ollamh na Greugais san Oilthigh. Thog na mìltean de Ghàidheil air feadh Alba airgead airson na Cathrach, agus iad mothachail air na bha an aithne seo bhon Oilthigh a' ciallachadh a thaobh ìomhaigh is sgoilearachd. B' e a' chiad Àrd-ollamh Ceiltis Dòmhnall MacFhionghain (1839-1914), agus thàinig sreath de sgoilearan cliùiteach na dhèidh, a' gabhail a-steach Uilleam MacBhatair (1865-1948), Coinneach Jackson (1909-91), Uilleam MacGilliosa agus Robert Dunbar a tha sa Chathair an-dràsta.

An-diugh, tha Gàidhlig air a solarachadh aig roinn na Ceiltis is Eòlas na h-Alba (pàirt de Sgoil nan Litreachasan, Cànanan is Cultaran). Tha Gàidhlig air a teagasg aig a h-uile ìre bho luchd-tòiseachaidh gu PhD, a' gabhail a-steach cànain is litreachas an latha an-diugh agus nam meadhan aoisean, cho math ri gach taobh de chultar na Gàidhlig (a' teagasg na Gàidhlig fhèin agus tro mheadhan na Gàidhlig). Tha cothrom aig fo-cheumnaich modal Gàidhlig a dhèanamh aig ìrean SCQF 8, 10 is 11. Aig an àm seo, bidh taghadh farsaing de fho-cheumnaich ga dhèanamh, nam measg àireamh àrd de dh'oileanaich a tha a' tadhal. Bidh na cùrsaichean seo fhathast rim faighinn tro bheatha a' phlana seo.

Tha an roinn an sàs gu dripeil ann an rannsachadh na Gàidhlig, a' gabhail a-steach sgoilearachd litreachais is cànanaichais, poileasaidh cànain, beul-aithris agus ainmean-àite. Tha Ceiltis is Eòlas na h-Alba aig Oilthigh Dhùn Èideann anabarrach follaiseach aig ìre phoblaich ann an iomadh dòigh, leithid a bhith a' comhairleachadh an riaghaltais agus bhuidhnean eile air cùisean cànain a bhuineas don Ghàidhlig, agus a' leasachadh agus a' neartachadh cheanglaichean poblach is coimhearsnachd ri cultar na Gàidhlig ann an Alba agus nas fhaide air falbh. Tha stòrasan Gàidhlig air leth beartach aig an Oilthigh, nam measg, Tasglann Sgoil Eòlais na h-Alba, sa bheil mìltean uairean a thide de chlàraidhean Gàidhlig a rinneadh sa choimhearsnachd, agus cruinneachadh mòr de làmh-sgrìobhainnean de dh'iomadh seòrsa.

Is ann tro Oifis Foghlaim Fhad-bheatha Oilthigh Dhùn Èideann a bhios an t-Oilthigh a' sìneadh a-mach don choimhearsnachd mun cuairt. Bidh iad a' tabhann chùrsaichean pàirt-ùine is chùrsaichean goirid ann an caochladh mòr de chuspairean tron latha agus san fheasgar. Tha Gàidhlig ga tabhann mar phàirt den sgeama Languages for All, ann an clasaichean do luchd-tòiseachaidh agus daoine aig a bheil tomhas de Ghàidhlig mar-thà, agus tha na cùrsaichean seo fosgailte don phoball. Bidh Oifis Foghlaim Fad-beatha cuideachd a' tabhann chùrsaichean goirid ann an Gàidhlig, agus cànain eile, do dh'oileanaich an Oilthigh, an com-pàirteachas ri Comann Oileanach Oilthigh Dhùn Èideann (EUSA).

Tha an t-Oilthigh cuideachd na dhachaigh do Bilingualism Matters, buidheann luchd-rannsachaidh a tha ag obair air leasachadh cànain agus dà-chànanas ann an clann agus inbhidh. Is e an t-amas a th' aca a' bheàrn eadar luchd-rannsachaidh agus a' choimhearsnachd (teaghlachan dà-chànanach, luchd-foghlaim agus luchd-poileasaidh) a dhùnadh gus am faigh barrachd chloinne air na sochairean a thig an cois dà-chànanais a mhealtainn. Tha Bilingualism Matters air a bhith an sàs ann an aire a thogail air cho cudromach 's a tha dà-chànanas tràth airson a' Ghàidhlig a chumail beò, agus tha iad air obair còmhla ri Riaghaltas na h-Alba, a' toirt taic do Bhuidheann Sàr-mhathais na Gàidhlig.

Tha 4.25 luchd-obrach FTE stèidhichte ann an Ceiltis & Eòlas na h-Alba far a bheil cleachdadh na Gàidhlig air a shònrachadh mar dleastanas (3.75 acadaimigeach is 0.5 rianachail). Tha Oifigear na Gàidhlig, 1 FTE a bharrachd, stèidhichte anns an Aonad Gnothaich Buidheann Sheirbheisean Oileanach is Sgoilearach. Tha fileantachd ann an Gàidhlig, an dà chuid sgrìobhadh is labhairt, na sgil riatanach airson na dreuchd seo. A bharrachd air seo, tha Oifis Foghlaim Fad-beatha a' fastadh 3 luchd-oide far a bheil cleachdadh na Gàidhlig riatanach.

Nuair a dh'fheumas an t-Oilthigh stuthan dà-chànanach a chruthachadh no seirbheisean eadar-theangachaidh a chleachdadh, tha ealantas ga shireadh bho taobh a-muigh an Oilthigh. 'S urrainn duine sam bith san Oilthigh eadar-theangair fhaighinn bho liosta den fheadhainn as fheàrr leinn a chleachdadh.

Is e Comann Ceilteach Oilthigh Dhùn Èideann, stèidhichte ann an 1848, an comann oileanach as aosta san Oilthigh. Bidh an Comann Ceilteach a' cur grunn thachartasan cultarach is sòisealta air dòigh tron bhliadhna agus tha dlùth-cheangal aige ri roinn Ceiltis is Eòlas na h-Alba. 'S e an tachartas as motha aig a' Chomann Cheilteach an Dannsa Bliadhnail. 'S e seo a' chèilidh as sine ann an Dùn Èideann, is tha i ainmeil air feadh na dùthcha.

'S e Buidheann-obrach a' Phlana Gàidhlig a dheasaich am Plana seo. Stèidhich an t-Oilthigh a' bhuidheann ann an 2011 nuair a fhuair sinn iarrtas bho Bhòrd na Gàidhlig airson Plana Gàidhlig a chruthachadh. Tha riochdairean sa bhuidhinn bho air feadh an Oilthigh. Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu obair na buidhne anns an earrainn Cur an Gníomh is Dearcnachadh.

Ceisteachan Gàidhlig

Sa Mhàrt 2012, rinn an t-Oilthigh suirbhidh air luchd-obrach is oileanaich gus faicinn dè na h-irean comais a bh' aca sa Ghàidhlig mar-thà agus dè na cothroman a th' ann airson ionnsachadh, cleachdadh agus inbhe a' chànan a leasachadh anns an Oilthigh. Ghabhadh pàirt gu saor-thoileach agus cha deach sampladh foirmeil a dhèanamh; air an adhbhar sin, bu chòir a thoirt fa-near nach eil an toradh ach na chomharradh air an t-suidheachadh a thaobh Gàidhlig agus nach e riochdachadh le ùghdarras staitistearach de mhuinntir an Oilthigh a th' ann.

B' e prìomh thoraidhean a' cheisteachain:

- Fhreagair 1,853 neach an suirbhidh, sin mu 4.9% de dh'oileanaich is luchd-obrach an Oilthigh. Bha gach Sgoil is buidheann luchd-obrach air an riochdachadh. Chaidh ùidh mhòr a nochdadh cuideachd air duilleag Facebook an Oilthigh.
- Tha 67.4% gu h-iomlan, no 70.2% de dh'oileanaich a fhreagair, den bheachd gu bheil taic is brosnachadh don Ghàidhlig 'glè chudromach' no 'gu math

cudromach'. B' e an t-adhbhar bu trice a nochd airson ùidh a bhith aig daoine sa Ghàidhlig, 'ùidh sa chànan san fharsaingeachd', agus an uair sin, 'eachdraidh agus ainmean-àite'.

- Tha e coltach gu bheil dìth fios ann mun cho-theacsa poileasaidh sa bheil Plana Gàidhlig an Oilthigh ga dheasachadh, agus mu àite na Gàidhlig sa bhaile agus san Oilthigh.
- Thuir 352 neach-freagairt (19.0%) gu robh 'comas' air choreigin aca sa Ghàidhlig, 29.5% aca le aithne nàiseanta à taobh a-muigh na RA.
- Thuir 71.8% den fheadhainn le comas air choreigin sa Ghàidhlig gu robh dìth misneachd orra a bhith ga cleachdadh, tric no an còmhnaidh.
- Bha 1,116 neach-freagairt (60.2%) a' dèanamh cùrsa Gàidhlig an-dràsta no bu toil leotha/dh'fhaodadh gum bu toil leotha Gàidhlig ionnsachadh.
- Bha cuid mhòr de luchd-freagairt eadar-nàiseanta a' dèanamh cùrsa an-dràsta no bu toil leotha/dh'fhaodadh gum bu toil leotha Gàidhlig ionnsachadh, nam measg 83.3% de luchd-freagairt Pòlainneach, 80.0% de luchd-freagairt Greugach, 79.5% de luchd-freagairt às na Stàitean agus 76.9% de luchd-freagairt Sìonach.
- Bhiodh a' chuid as motha de luchd-ionnsachaidh ag iarraidh chùrsaichean luchd-tòiseachaidh. Bha 123 neach-freagairt ag iarraidh sgilean ionnsachaidh airson Gàidhlig a theagasg.
- Is iad na seòrsaichean cùrsa air a bheil an fhèill as motha am measg oileanach, clasaichean oidhche dà uair a thìde (6.30pm-8.30pm) agus, am measg luchd-obrach, clasaichean aig àm lòn tron t-seachdain.
- B' e an dà sheòrsa tachartais cultaraich a bu mhotha a chòrdadh ri daoine cèilidhean is cuirmean-ciùil, agus às dèidh sin, seiseanan foghlaim air beul-aithris Gàidhlig, seiseanan fiosrachaidh air eachdraidh is cultar na Gàidhlig agus seiseanan foghlaim air ainmean-àite Gàidhlig. (Bu chòir a thoirt fa-near gu bheil ciall eadar-dhealaichte aig cèilidh sa Ghàidhlig ris a' chiall sa Bheurla; anns a' Ghàidhlig is e daoine a' tighinn còmhla airson fearas-cuideachd a th' ann, is dòcha le seinn is ceòl, agus chan e dìreach dannsa).
- A thuilleadh air tachartasan foghlaim is cultarach, is e an iomairt eile as motha bha daoine ag iarraidh 'barrachd Gàidhlig ri faicinn ann an àiteachan poblach (m.e. aithne chorporra is fhaicsinneach, sanasan, pàipearachd)', le 50.4% den luchd-fhreagairt uile, agus 56.7% de dh'oileanach ag iarraidh seo. Bha taic air leth làidir am measg oileanach ann an sgoiltean àraidh, leithid Colaiste Ealain Dhùn Èideann; Litreachasan, Cànanan is Cultaran; Feallsanachd, Saic-eòlas agus Saidheansan Cànan; agus Sgoil Foghlaim Taighe Mhoireibh.

Gheibhear làn anailis de thoraidhean a' cheisteachain air làrach-lìn a' Phlana Ghàidhlig aig www.ed.ac.uk/about/gaelic-language-plan/plana-na-gaidhlig/ceisteachan.

Tha dealas aig an Oilthigh data reusanta ùr a chumail air comasan luchd-obrach is oileanach agus na cothroman a tha rim faighinn dhaibh. Nithear ceisteachan ùr co-dhiù aon triop a bharrachd ann am beatha a' Phlana a dh'fhaighneachas ceistean mu na h-aon chuspairean a bha sa cheisteachan a bha deiseil sa Mhàrt 2012.

Co-chomhairle air a' Phlana Ghàidhlig

Rinn Oilthigh Dhùn Èideann co-chomhairle phoblach air an dreachd Phlana Ghàidhlig aca thar sia seachdainean, eadar 4 Òg-mhios 2012 agus 16 Iuchar 2012. Fhuaras 22 freagairt bho raon farsaing de luchd-ùidh, agus tha an t-Oilthigh air na beachdan seo a thoirt fa-near.

Gheibhear fiosrachadh air a' cho-chomhairle phoblaich air làrach-lìn a' Phlana Ghàidhlig aig www.ed.ac.uk/about/gaelic-language-plan/plana-na-gaidhlig/co-chomhairle-phoblach.

CAIBIDEIL 2

Bun-dhleastanasan

Fo stiùir Bòrd na Gàidhlig, bha ceithir bun-raointean de lìbhrigeadh seirbheis air an do chuir Oilthigh Dhùn Èideann aghaidh nuair a dheasaich iad am Plana Gàidhlig:

Aithne:	Aithne Chorporra Soidhnichean
Conaltradh:	Fàilteachas agus Fòn Post agus Post-d Foirmichean Tachartasan agus Coinneamhan Poblach Pròiseas Gearain
Foillseachadh:	Dàimh Phoblach agus na Meadhanan Foillseachaidhean Làraich-lìn agus na Meadhanan Sòisealta Taisbeanaidhean
Luchd-obrach:	Trèanadh Ionnsachadh Cànan Fastadh Sanasachd

Tha am fiosrachadh a leanas air innse airson gach raon:

- Cleachdadh an-dràsta
- Gnìomhan
- Sgioba le uallach
- Clàr-ama

EARRANN 1 – Aithne

Mineachadh Bòrd na Gàidhlig:

Faodaidh Gàidhlig ann an aithne chorporra agus soidhnichean ùghdarras cur gu mòr ri faicsinneachd a' chànan, inbhe a thogail agus teachdaireachd chudromach a sgaoileadh gu bheil an t-ùghdarras a' toirt spèis is àite dhi. Cuideachd, faodaidh leasachadh air cleachdadh na Gàidhlig tro shoidhnichean cur ri briathrachas luchd-cleachdaidh na Gàidhlig, aire a' phobaill a tharraing don Ghàidhlig agus cur ri leasachadh a' chànan.

Tha Oilthigh Dhùn Èideann ag aithneachadh cho cudromach 's a tha leudachadh faicsinneachd na Gàidhlig agus àrdachadh a h-inbhe.

Aithne chorporra

Cleachdadh an-dràsta Chan eil tionndadh Gàidhlig de dh'aithne fhaicsinneach Oilthigh Dhùn Èideann ann an-dràsta.

Gnìomhan Nì an t-Oilthigh sgrùdadh air cleachdadh na Gàidhlig agus air dà-chànanas anns an fhèin-aithne chorporra an ath thriop a nithear ùrachadh mòr oirre.

Sgioba le uallach Conaltradh is Margaidheachd

Clàr-ama Chan eil ùrachadh san amharc aig an àm seo.

Gnìomhan Dealbhaich suaicheantas air leth a chleachdas roinnean san Oilthigh aig a bheil ceangal ris a' Ghàidhlig m.e. Sgoil nan Litreachasan, Cànanan is Cultaran agus an Oifis Foghlaim Fad-beatha. Thèid an suaicheantas a chleachdadh air feadh an Oilthigh mar a bhios iomchaidh (m.e. co-labhairtean is tachartasan sònraichte) agus mar a thèid a shònrachadh anns an stiùireadh air suaicheantas aig Conaltradh is Margaidheachd.

Sgioba le uallach Conaltradh is Margaidheachd

Clàr-ama Bliadhna 1

Gnìomhan Thèid an suaicheantas Gàidhlig a chleachdadh air pàipearachd is foillseachadh Gàidhlig m.e. cinn-litreach, bileagan buidheachais, cairtean gnothaich.

Sgioba le uallach Conaltradh is Margaidheachd; Sgoil nan Litreachasan, Cànanan is Cultaran; Oifis Foghlaim Fad-beatha

Clàr-ama Bliadhna 1

Gnìomhan Rannsaich ciamar a ghabhadh bathar Gàidhlig a dhèanamh airson Oilthigh Dhùn Èideann m.e. pàipearachd agus aodach.

Sgioba le uallach Oifigear na Gàidhlig; Conaltradh is Margaidheachd

Clàr-ama Bliadhna 1

Soidhnichean

Cleachdadh an-dràsta Tha beagan shoidhnichean dà-chànanach an-àirde ann an Oilthigh Dhùn Èideann, ach chan eil dòigh-obrach chunbhalach ann no poileasaidh air soidhnichean dà-chànanach.

Gnìomhan Deasaich poileasaidh airson soidhnichean dà-chànanach a chur an-àirde aig àiteachan buntainneach san Oilthigh, a' gabhail a-steach Ionad-fàilte na Seann Cholaiste, an Leabharlann Mhòr, Tallaichean Còmhnaidh agus togalach ùr Sgoil nan Litreachasan, Cànanan is Cultaran aig 50 Ceàrnag Sheòrais.

Sgioba le uallach Oifigear na Gàidhlig; Conaltradh is Margaidheachd; Oighreachd is Togalaichean

Clàr-ama Bliadhna 1

Gnìomhan Deasaich poileasaidh airson soidhnichean dà-chànanach a chur an-àirde air togalaichean eile nuair a bhios feum air feadhainn ùra. Bidh am poileasaidh stèidhichte air a' phrionnsapal gun seall sanasan dà-chànanach ùra spèis cho-ionann dhan Ghàidhlig is Beurla.

Sgioba le uallach Oifigear na Gàidhlig; Conaltradh is Margaidheachd; Oighreachd is Togalaichean

Clàr-ama Bliadhna 1

EARRANN 2 – Conaltradh

Mineachadh Bòrd na Gàidhlig:

Tha cleachdadh na Gàidhlig aig a' chiad àite a thachras am poball ri ùghdarras a' meudachadh na bhios ga fhaicinn agus ga chluinntinn den chànan, agus a' cur ris a' mhothachadh gu bheil comas agus cothrom aig daoine Gàidhlig a cleachdadh. Cho math ri bhith ag àrdachadh làthaireachd a' chànan, tha e cuideachd a' cruthachadh chothroman practaigeach a bhith ga chleachdadh agus a' toirt misneachd don phoball Gàidhlig a chleachdadh ann an gnothaichean ris an ùghdarras sin a-rithist.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an coluadar ris an ùghdarras tron phost, post-d agus air fòn cudromach gus cothroman practaigeach a chruthachadh airson an cànan a chur gu feum, agus cur ris a' mhothachadh gum bi fàilte agus furan ann a chleachdadh. Ma tha Gàidhlig ann an caochladh farsaing de dh'fhoirmean (Gàidhlig no dà-chànanach), faodaidh sin cur gu mòr ri faicsinneachd agus cliù a' chànan. Bidh ullachadh thionndaidhean Gàidhlig de dh'fhoirmean, iartasan agus sgrìobhainnean den t-seòrsa na chuideachadh ann a bhith a' meudachadh briathrachas na Gàidhlig agus mothachadh luchd na Gàidhlig air a' bhriathrachas sin, a' cuideachadh leasachadh a' chànan fhèin.

Tha Oilthigh Dhùn Èideann ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach airson

Gàidhlig a chleachdadh ann an raon farsaing de shuidheachaidhean làitheil agus tha sinn dealasach solarachadh na Gàidhlig a chur am meud san raon seo.

Fàilteachas agus Fòn

Cleachdadh an-dràsta Chan eil goireasan aig an Oilthigh an-dràsta a bhith a' coluadar ri luchd-tadhail tro mheadhan na Gàidhlig.

Gnìomhan Thoir trèanadh gu prìomh luchd-fàilteachais an Oilthigh gus an urrainn dhaibh coluadar sìmplidh a dhèanamh sa Ghàidhlig agus ceistean sa Ghàidhlig a stiùireadh don roinn no neach fhreagarrach.

Sgioba le uallach Oifigear na Gàidhlig; Sgiobachd

Clàr-ama Bliadhna 2

Post agus post-d

Cleachdadh an-dràsta Chan eil poileasaidh aig an Oilthigh a thaobh post is post-d sa Ghàidhlig.

Gnìomhan Thèid luchd-obrach a bhrosnachadh tionndadh dà-chànanach den ainm-sgrìobhadh-d agus teachdaireachdan a-mach às an oifis aca fhaighinn, an toiseach ann an Ceiltis is Eòlas na h-Alba. Thèid sùil a chumail air mar a tha luchd-obrach a' gabhail ri seo rè beatha a' Phlana.

Sgioba le uallach Oifigear na Gàidhlig

Clàr-ama Bliadhna 1

Gnìomhan Gheibh sinn a-mach mu chomas an sanas carthannais a bhith ri fhaighinn gu dà-chànanach. Cumaidh sinn cunntas air toraidhean an sgrùdaidh seo, agus nithear gnìomhan mar a bhios iomchaidh.

Sgioba le uallach Oifigear na Gàidhlig

Clàr-ama Bliadhna 2

Gnìomhan Gabhaidh an t-Oilthigh ri post is post-d sa Ghàidhlig agus freagraidh iad sa Ghàidhlig nuair a tha sin ga iarraidh. Thèid fios a sgaoileadh mun dòigh-obrach seo le foillseachadh a' Phlana seo.

Sgioba le uallach Aonad Gnothaich Buidheann Sheirbheisean Oileanach is Sgoilearach

Clàr-ama Rè a' phlana

Foirmichean

Cleachdadh an-dràsta Chan eil foirmichean Gàidhlig aig an Oilthigh an-dràsta.

Gnìomhan Dèan sgrùdadh air na foirmichean as trice a chleachdar feadh an Oilthigh (a' gabhail a-steach foirmichean dealanach).

Sgioba le uallach Oifigear na Gàidhlig

Clàr-ama Bliadhna 2

Gnìomhan Dealbhaich is deasaich grunn fhoirmichean sònraichte ann an cruth dà-chànanach a rèir toradh an sgrùdaidh, ag innse gu soilleir dè na foirmichean a thèid gabhail riutha sa Ghàidhlig. Seallaidh na formaichean seo spèis cho-ionann dhan Ghàidhlig is Beurla.

Sgioba le uallach Oifigear na Gàidhlig

Clàr-ama Bliadhna 3

Tachartasan agus Coinneamhan Poblach

Cleachdadh an-dràsta Tha an fhìor mhòr-chuid de thachartasan agus coinneamhan poblach san Oilthigh gan cumail sa Bheurla.

Gnìomhan Thèid coinneamhan poblach a chumail sa Bheurla fhathast, ach grunn choinneamhan, co-labhairtean is tachartasan a bhuineas don Ghàidhlig.

Sgioba le uallach Conaltradh is Margaidheachd; Ceiltis is Eòlas na h-Alba; Oifigear na Gàidhlig

Clàr-ama Rè a' phlana

Gnìomhan An àireamh choinneamhan, cho-labhairtean is tachartasan Gàidhlig a chur am meud, le barrachd togail aire agus margaidheachd gus dèanamh cinnteach gu bheil fios aig daoine taobh a-muigh an Oilthigh gu bheil cothrom ann dhaibh a thighinn gu na tachartasan seo.

Sgioba le uallach Ceiltis is Eòlas na h-Alba; Oifis Foghlaim Fhad-bheatha

Clàr-ama Rè a' phlana

Pròiseas Gearain

Cleachdadh an-dràsta Chan urrainnear pròiseas gearain a thoirt a-mach sa Ghàidhlig.

Gnìomhan Bidh am pròiseas gearain poblach agus pròiseas gearain oileanach sa Bheurla fhathast, ach freagraidh an t-Oilthigh sa Ghàidhlig ma thig gearan thuca sa Ghàidhlig. Tachraidh seo san ùine a thèid fhoillseachadh sna modhan gearain againn, co-ionann ris a' Bheurla.

Sgioba le uallach Aonad Gnothaich Buidheann Sheirbheisean Oileanach is Sgoilearach; Clàradh Acadaimigeach

Clàr-ama Rè a' phlana

EARRANN 3 – Foillseachadh

Mineachadh Bòrd na Gàidhlig:

'S urrainn cleachdadh na Gàidhlig ann an caochladh stuthan clò-bhuailte cur ri leasachadh na Gàidhlig ann an diofar dhòighean. Tha e a' meudachadh faicsinneachd a' chànan, a' cur ri inbhe na Gàidhlig is i ann am foillseachaidhean iomraiteach agus faodaidh e cuideachadh briathrachas a dheasachadh agus a dhaingneachadh. Tha cleachdadh na Gàidhlig anns na meadhanan a' sealltainn gu bheil an t-ùghdarras

airson gum bi fiosrachadh cudromach ri fhaighinn tron Ghàidhlig, agus a' cur ri faicsinneachd agus inbhe a' chànan. Mar a gheibh barrachd dhaoine fiosrachadh mu ùghdarrasan poblach tro na làraich-lìn aca, faodaidh cothrom air Gàidhlig a chleachdadh orra cur gu mòr ri inbhe agus faicsinneachd a' chànan.

Tha Oilthigh Dhùn Èideann dealasach gun tèid cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud anns na raoitean seo far a bheil an cuspair a' togail ùidh a' phobaill gu mòr no far am buin e gu sònraichte ri cùisean Gàidhlig.

Dàimh Phoblach agus na Meadhanan

Cleachdadh an-dràsta Chan eil fiosan-naidheachd sam bith gan sgaoileadh sa Ghàidhlig.

Gnìomhan Cuir a-mach fiosan-naidheachd a bhuineas ris a' Ghàidhlig ann an cruth dà-chànanach.

Sgioba le uallach Conaltradh is Margaidheachd

Clàr-ama Rè a' phlana

Gnìomhan Sgaoil co-dhiù 2 de na brathan-naidheachd as cudromaiche aig an Oilthigh gu dà-chànanach ann an 2013, agus amas air an àireamh seo a mheudachadh tro bheatha a' Phlana.

Sgioba le uallach Conaltradh is Margaidheachd

Clàr-ama Rè a' phlana

Gnìomhan Rannsaich is dèan aonta air seirbheisean eadar-theangachaidh proifeiseanta freagarrach a thèid a chleachdadh airson cùisean sanasachd is nam meadhanan.

Sgioba le uallach Conaltradh is Margaidheachd; Oifis an t-Solarachaidh

Clàr-ama Bliadhna 2

Gnìomhan Cruthaich stòr-dàta de dh'eòlaichean aig a bheil Gàidhlig a dh'fhaodadh agallamhan a dhèanamh leis na meadhanan.

Sgioba le uallach Conaltradh is Margaidheachd

Clàr-ama Bliadhna 2

Gnìomhan Cleachd foillseachadh taobh a-staigh an Oilthigh (m.e. Staff News) agus an làrach-lìn gus am Plana Gàidhlig a chur air adhart agus airson fios a sgaoileadh mu iomairtean is tachartasan Gàidhlig.

Sgioba le uallach Conaltradh is Margaidheachd; Aonad Gnothaich Buidheann Sheirbheisean Oileanach is Sgoilearach

Clàr-ama Rè a' phlana

Foillseachaidhean

Cleachdadh an-dràsta Tha geàrr-chunntas den phrìomh fhoillseachadh corporra againn (am Plana Ro-innleachdail) ri fhaighinn sa Ghàidhlig air làrach-lìn an Oilthigh agus air pàipear.

Gnìomhan Dèan sgrùdadh a dh'fhaicinn dè na foillseachaidhean, a thuilleadh air Plana Ro-innleachdail an Oilthigh, a dh'fhaodte a dhèanamh dà-chànanach.

Sgioba le uallach Oifigear na Gàidhlig; Conaltradh is Margaidheachd

Clàr-ama Bliadhna 1

Gnìomhan Dèan foillseachaidhean ann an tionndadh dà-chànanach a rèir toradh an sgrùdaidh a sheallas spèis cho-ionann dhan Ghàidhlig is Beurla.

Sgioba le uallach Conaltradh is Margaidheachd

Clàr-ama Rè a' phlana

Gnìomhan Thoir cothrom don luchd-obrach tionndadh dà-chànanach den chairt-ghnothaich aca fhaighinn sa Ghàidhlig. Molaidh an t-Oilthigh seo mar cleachdadh as fheàrr do luchd-obrach stèidhichte ann an Ceiltis is Eòlas na h-Alba.

Sgioba le uallach Seirbheisean Clò-bhualaidh

Clàr-ama Bliadhna 1

Gnìomhan Dèan tionndadh dà-chànanach de Dhuilleagan Fiosrachaidh Cuspaireil ann an Ceiltis is Eòlas na h-Alba.

Sgioba le uallach Ceiltis is Eòlas na h-Alba

Clàr-ama Bliadhna 1

Gnìomhan Deasaich bileagan sanasachd 'Gàidhlig aig an Oilthigh' agus 'Gàidhlig ann an Dùn Èideann' a thèid a sgaoileadh agus a chur air adhart ann an cruthan dealanach agus air pàipear.

Sgioba le uallach Oifigear na Gàidhlig; Ceiltis is Eòlas na h-Alba; Conaltradh is Margaidheachd; Luchd-leasa Gàidhlig eile

Clàr-ama Bliadhna 2

Làraich-lìn agus na Meadhanan Sòisealta

Cleachdadh an-dràsta Tha làrach-lìn a' Phlana Ghàidhlig ri fhaighinn sa Bheurla agus sa Ghàidhlig, agus tha pàirt de làrach-lìn Roinn na Ceiltis is Eòlas na h-Alba anns an dà chànan cuideachd.

Gnìomhan Deasaich duilleag Ghàidhlig airson brìgh àrd-ìre air làrach-lìn an Oilthigh a sheallas spèis cho-ionann dhan Ghàidhlig is Beurla.

Sgioba le uallach Oifigear na Gàidhlig; Conaltradh is Margaidheachd

Clàr-ama Bliadhna 2

Gnìomhan Deasaich làrach dhà-chànanach do roinn na Ceiltis is Eòlas na h-Alba a sheallas spèis cho-ionannach dhan Ghàidhlig is Beurla.

Sgioba le uallach Ceiltis is Eòlas na h-Alba

Clàr-ama Bliadhna 2

Gnìomhan Rè beatha a' Phlana, nì an t-Oilthigh am feum as fheàrr de bhathar-bog Gàidhlig, a' togail aire ma dhèidhinn agus ga chur air adhart don luchd-obrach agus na h-oileanaich.

Sgioba le uallach Seirbheisean Fiosrachaidh

Clàr-ama Bliadhna 2

Gnìomhan Cleachd na meadhanan sòisealta airson aire a thogail mun Ghàidhlig agus airson Gàidhlig a bhrosnachadh air feadh an Oilthigh.

Sgioba le uallach Oifigear Gàidhlig

Clàr-ama Rè a' Phlana

Taisbeanaidhean

Cleachdadh an-dràsta Tha a h-uile taisbeanadh sa Bheurla an-dràsta.

Gnìomhan Faic am biodh e comasach taisbeanadh Gàidhlig sealach no seasamhach a dhèanamh ann an àite sònraichte, a' sealltainn mar a bhuineas a' Ghàidhlig ri eachdraidh an Oilthigh. Bhiodh seo dà-chànanach air fad. Thèid clàr a chumail air toraidhean an sgrùdaidh seo, agus nithear gnìomhan mar a bhios iomchaidh.

Sgioba le uallach Oifigear na Gàidhlig; Colaiste nan Daonnachdan is Saidheans Sòisealta; Buidheann Sheirbheisean Fiosrachaidh; School of Informatics; Ionad Luchd-tadhail

Clàr-ama Bliadhna 3

Gnìomhan Thèid beachdachadh a dhèanamh air cleachdadh na Gàidhlig ann an taisbeanaidhean cliùiteach, a' sealltainn spèis cho-ionannach dhan Ghàidhlig is Beurla, mar a thèid an ùrachadh.

Sgioba le uallach Roinnean buinteanach an Oilthigh; Conaltradh is Margaidheachd; Ionad Luchd-tadhail

Clàr-ama Rè a' Phlana

EARRANN 4 – Luchd-obrach

Mìneachadh Bòrd na Gàidhlig:

Gus seirbheisean a lìbhrigeadh tron Ghàidhlig, feumar na sgilean obrach agus cànan a dh'fheumas an luchd-obrach a leasachadh. Cuiridh cothroman ionnsachadh cànan airson luchd-obrach ri adhartachadh ionnsachadh Gàidhlig mar inbheach, agus ri adhartachadh Gàidhlig mar sgil fheumail anns an àite-obrach. Bidh obraichean anns a bheil Gàidhlig na sgil riatanach no fheumail a' cur gu mòr ri inbhe a' chànan, agus a' comharradh gur e sgil fheumail a tha innte.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachd na theachdaireachd gum bu chòir Gàidhlig a chleachdadh sa bheatha phoblach agus gu bheil àite cudromach aig luchd-labhairt na Gàidhlig ann an ùghdarrasan poblach. Ge bith dè an ìre Ghàidhlig air a bheil feum, tha e cudromach gun dèan ùghdarrasan cinnteach gu bheil Gàidhlig dha-rìribh feumail san dreuchd. Bu chòir do dh'ùghdarrasan slatan-tomhais breithneachail a chur an sàs gus dèanamh cinnteach gu bheil fastadh anns gach suidheachadh ga dhèanamh ann an dòigh chothromaich agus chunbhalaich, agus a rèir nan sgilean a chaidh a shònrachadh airson na dreuchd sin.

Tha Oilthigh Dhùn Èideann ag aithneachadh gu bheil e cudromach Gàidhlig fhaicinn mar sgil obrach cudromach agus suidheachaidhean a chomharradh far am biodh i riatanach no feumail. Tha Oilthigh Dhùn Èideann cuideachd ag aithneachadh gu bheil e cudromach cothrom a thoirt do luchd-obrach an sgilean Gàidhlig a leasachadh, mas e sin a tha iad fhèin ag iarraidh.

Trèanadh

Cleachdadh an-dràsta Rinn Clì Gàidhlig dà chlas togail-aire mun Ghàidhlig ann an 2011/12. Bidh Oifigear na Gàidhlig a' tabhann Blasad Cànanais is Cultar na Gàidhlig gach mìos, a mhaireas uair a thìde. Bidh clasaichean togail-aire mun Ghàidhlig air an tabhann mar a bhios iomchaidh.

Gnìomhan Leanaidh an t-Oilthigh air le bhith a' cur sheiseanan Blasad Cànanais is Cultar na Gàidhlig air dòigh gu cunbhalach tron bhliadhna acadaimigeach, agus bidh clasaichean togail-aire mun Ghàidhlig gan tabhann mar a bhios iomchaidh.

Sgioba le uallach Sgiobachd; Oifigear na Gàidhlig

Clàr-ama Rè a' Phlana

Gnìomhan Gheibh neach-obrach ann an Sgiobachd an dleastanas a bhith a' dèiligeadh ri cùisean luchd-obrach a bhuineas ri Plana Gàidhlig an Oilthigh. Bidh trèanadh sam bith a tha a dhìth a' tachairt mar phàirt de chùrsaichean is bùithtean-obrach Trèanadh, Ionnsachadh is Leasachadh an Oilthigh.

Sgioba le uallach Sgiobachd

Clàr-ama Bliadhna 2

Gnìomhan Deasaich stiùireadh don luchd-obrach is oileanaich uile air Plana Gàidhlig an Oilthigh agus na goireasan a bhios ri fhaighinn.

Sgioba le uallach Oifigear na Gàidhlig; Conaltradh is Margaidheachd; Clàradh Acadaimigeach

Clàr-ama Bliadhna 1

Ionnsachadh Cànanais

Cleachdadh an-dràsta Tha Roinn na Ceiltis is Eòlas na h-Alba a' teagasg chùrsaichean cànan, litreachas is cultar na Gàidhlig aig a h-uile ìre bho luchd-tòiseachaidh gu PhD. Tha an t-Oilthigh agus Comann Oileanach Oilthigh Dhùn Èideann (EUSA) an-dràsta a' tabhann clasaichean 'blasad Gàidhlig' do dh'oileanaich is luchd-obrach anns an sgeama 'Languages for All'. Tha an Oifis Foghlaim Fhad-bheatha cuideachd a' tabhann chlasaichean Gàidhlig do luchd-tòiseachaidh agus do dhaoine aig a bheil tomhas de Ghàidhlig mar-thà.

Cuideachd, tha Tandem Language Exchange aig EUSA. Tha Tandem airson oileanaich a chuideachadh a bhith a' togail chànan ann an dòigh shocair, spòrsail, chàirdeil gun taoitearan, deuchainnean no òraidean. Tha Café Cànanais EUSA na àite coinneamh far am bi oileanaich bho gach ceàrnaidh den t-saoghal a' tighinn còmhla, a' gabhail a-steach daoine a tha a' deisealachadh airson 'iomlaid' no an dùil fear a dhèanamh.

Gnìomhan Cumaidh an t-Oilthigh agus EUSA orra a' tabhann dà chlas 'blasad Gàidhlig' do dh'oileanaich is luchd-obrach gach bliadhna acadaimigeach, rè beatha a' Phlana Ghàidhlig.

Sgioba le uallach Oifigear na Gàidhlig; Comann Oileanach Oilthigh Dhùn Èideann; Oifis Foghlaim Fhad-bheatha

Clàr-ama Rè a' Phlana

Gnìomhan Faic am biodh e comasach barrachd clasaichean Gàidhlig le creideis a chur air dòigh do dh'oileanaich nach eil a' dèanamh ceum ann an Gàidhlig.

Sgioba le uallach Sgoil nan Litreachasan, Cànanais is Cultaran

Clàr-ama Bliadhna 1

Gnìomhan Faic am biodh e comasach cùrsa bogaidh Gàidhlig deireadh-seachdain a chumail do luchd-obrach is oileanaich aig diofar amannan den bhliadhna. Chruthaicheadh seo barrachd chothroman airson Gàidhlig ionnsachadh do dh'oileanaich is luchd-obrach.

Sgioba le uallach Sgoil nan Litreachasan, Cànanais is Cultaran

Clàr-ama Bliadhna 3

Gnìomhan Faic am biodh e comasach sgoil-shamhraidh Ghàidhlig fad seachdain no ceala-deug a stèidheachadh, agus dèan aithisg air toradh an rannsachaidh.

Sgioba le uallach Sgoil nan Litreachasan, Cànanais is Cultaran

Clàr-ama Bliadhna 3

Gnìomhan Faic am biodh e comasach Café Gàidhlig a ruith, do luchd-obrach is oileanaich an Oilthigh. Chruthaich seo barrachd chothroman airson Gàidhlig ionnsachadh do dh'oileanaich is luchd-obrach.

Sgioba le uallach Comann Oileanach Oilthigh Dhùn Èideann

Clàr-ama Bliadhna 2

Fastadh

Cleachdadh an-dràsta Tha am pròiseas fastaidh tro mheadhan na Beurla, ach ma tha cànan eile riatanach anns an obair, faodaidh seo a bhith anns a' phròiseas agallaimh.

Gnìomhan Leasaich am pròiseas fastaidh is taghaidh a rèir feumalachdan a' Phlana Ghàidhlig m.e. sònraich dreuchdan far am biodh comas labhairt sa Ghàidhlig na chuideachadh dhuinn a' coileanadh amasan a' Phlana seo, agus comharraich iad 'Gàidhlig riatanach' no 'Gàidhlig feumail', mar a tha iomchaidh.

Sgioba le uallach Sgiobachd

Clàr-ama Bliadhna 2

Gnìomhan Dèan cinnteach gum bi co-dhiù aon neach aig a bheil Gàidhlig air panailean agallaimh airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig riatanach, airson gun dèan iad sgrùdadh air sgilean Gàidhlig an luchd-tagraidh, mar phàirt den phròiseas taghaidh.

Sgioba le uallach Sgiobachd

Clàr-ama Rè a' Phlana

Gnìomhan Fastaich Oifigear Gàidhlig, air cùmnant trì bliadhna anns a' chiad dol a-mach, le sùil air mar a rinneadh le dreuchdan den t-seòrsa aig Oilthighean Ghlaschu is Obar Dheathain agus aig Sabhal Mòr Ostaig.

Sgioba le uallach Sgiobachd

Clàr-ama Bliadhna 1

Sanasachd

Cleachdadh an-dràsta Tha sanasachd uile sa Bheurla.

Gnìomhan Thèid dreuchdan far a bheil Gàidhlig riatanach no feumail a shanasachd san dà chànan.

Sgioba le uallach Sgiobachd

Clàr-ama Sa bhad

CAIBIDEIL 3

Buaidh aig poileasaidh air Gàidhlig: A' Cur Plana Nàiseanta na Gàidhlig an gnìomh

Buaidh aig poileasaidh air Gàidhlig

Tha Oilthigh Dhùn Èideann mothachail gun tèid na raointean prìomhachais a tha air an comharrachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur an gnìomh tron Phlana Ghàidhlig againn air a' chuid as motha ach gun èirich cothroman gus an cànan adhartachadh is a leasachadh tron phoileasaidh a tha ann an-dràsta cuideachd.

Seallaidh an t-Oilthigh ris na rùintean poileasaidh a tha ann an-dràsta far am faodar Gàidhlig a thoirt a-steach agus na prìomhachasan ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur an sàs ann an dòighean a bharrachd. Cuiridh sinn an leasachadh seo an gnìomh a rèir prionnsabal an àbhaisteachaidh, aig a bheil e mar amas gum bi Gàidhlig na pàirt de bheatha làitheil na h-Alba.

Ann an cruthachadh, ùrachadh is dearcnachadh phoileasaidhean, nì an t-Oilthigh cinnteach gum bi a' bhuaidh air a' Ghàidhlig a rèir Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

Sealladh farsaing air Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig a' sònrachadh ceithir cùisean eadar-cheangailte a bhuineas do leasachadh cànan ris am feumar dèiligeadh, a' comharrachadh grunn phrìomhachasan anns gach cùis:

1. Togail-cànain

Meudachadh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig le bhith a' daingneachadh tar-chur a' chànan ann an teaghlachan agus a' daingneachadh chothroman èifeachdach gus Gàidhlig ionnsachadh, le bhith:

- a' meudachadh cleachdadh is tar-chur na Gàidhlig san dachaigh
- a' meudachadh àireamh na cloinne a bhios a' togail na Gàidhlig san sgoil
- a' meudachadh cothrom air, is gabhail, foghlam tro mheadhan na Gàidhlig
- a' meudachadh àireamh luchd-ionnsachaidh inbheach na Gàidhlig a' dol air adhart gu fileantachd

Tha Oilthigh Dhùn Èideann mothachail gum feum barrachd dhaoine Gàidhlig ionnsachadh ma tha an cànan dol a bhith air stèidh sheasmhach san àm ri teachd, agus gu feumar cuimseachadh air an dachaigh, foghlam agus foghlam inbheach gus seo a thoirt gu buil.

2. Cleachdadh Cànan

Brosnachadh barrachd cleachdadh Gàidhlig, a' libhrigeadh chothroman air an cànan a chleachdadh agus cothrom air ealain is meadhanan Gàidhlig, tro:

- meudachadh air cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan
- meudachadh air cleachdadh na Gàidhlig ann am foghlam treas-ìre agus ann an àiteachan-obrach
- meudachadh air follaiseachd na Gàidhlig anns na meadhanan
- meudachadh air adhartachadh na Gàidhlig anns na h-ealain
- meudachadh air ìomhaigh na Gàidhlig anns na roinnean turasachd, dualchais agus cur-seachad

Tha Oilthigh Dhùn Èideann mothachail nach e mhàin gum feum Gàidhlig barrachd luchd-labhairt ma tha i dol a bhith seasmhach ach gum feum daoine a chleachdadh barrachd. Tha sinn ag aithneachadh gu bheil e cudromach gum faigh barrachd dhaoine cothrom Gàidhlig a roghnachadh mar an cànan àbhaisteach ann an caochladh farsaing is fàs-mhor de ghnìomhan làitheil.

3. Inbhe Cànan

Meudachadh air na tha de Ghàidhlig air fhaicinn agus air a chluinntinn, gus aithne a leudachadh agus gus am bi deagh ìomhaigh aice ann am beatha phoblach na h-Alba, tro:

- meudachadh air an àireamh de bhuidhnean a tha ag ullachadh Phlanaichean Gàidhlig
- meudachadh air ìomhaigh agus cliù na Gàidhlig
- meudachadh air follaiseachd agus aithne air Gàidhlig

Tha Oilthigh Dhùn Èideann mothachail gu bheil buaidh aig làthaireachd cànan agus an uiread a tha ùghdarrasan a tha cudromach nar beatha làitheil ga chleachdadh, a' cur luach ann, agus an uiread luach a shaoileas daoine a tha ùghdarrasan a' cur ann, a' toirt buaidh air inbhe cànan.

4. Corpas Cànan

Neartachadh buntainneachd agus cunbhalachd na Gàidhlig agus brosnachadh rannsachadh air a' chànan, tro:

- meudachadh buntainneachd agus cunbhalachd cànan na Gàidhlig
- meudachadh càileachd is so-ruigsinneachd eadar-theangachaidhean Gàidhlig

- meudachadh air na tha ri fhaighinn de dh'fhiosrachadh neo-mhearachdach bho rannsachadh

Tha Oilthigh Dhùn Èideann mothachail gum feum Gàidhlig a bhith nas buntainniche ri beatha dhaoine agus nas cunbhalaiche, agus gu bheil solarachadh sheirbheisean eadar-theangachaidh agus brosnachadh rannsachaidh air a' chànan cudromach. Tha dealas aig an Oilthigh cumail ri Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig, agus gheibh an t-Oilthigh comhairle bho Ainmean-Àite na h-Alba a thaobh ainmean-àite Gàidhlig.

Dleastanasan a rèir amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha Oilthigh Dhùn Èideann dealasach gun tèid am Plana Nàiseanta a chur an gnìomh, agus anns an earrainn seo tha sinn a' sònrachadh prìomh dhleastanasan anns na raointean Teagasg agus Taic Fho-cheumnach, Rannsachadh agus Sgoilearachd Iar-cheumnach, Beatha an Oilthigh, agus Dàimhean Coimhearsnachd is Ionnsachadh Fad-beatha.

EARRANN 1 – Teagasg agus Taic Fho-cheumnach

Gnìomhan Cuiridh an t-Oilthigh an àireamh oileanach clàraichte air cùrsaichean Gàidhlig agus air prògraman ceuma Ceiltis/Gàidhlig am meud 10% rè beatha a' Phlana.

Sgioba le uallach Ceiltis is Eòlas na h-Alba; Oifis Foghlaim Fhad-beatha

Clàr-ama Rè a' Phlana

Gnìomhan Deasaichidh an t-Oilthigh ceum ùr ann an Gàidhlig agus Foghlam, a' libhrigeadh slighe ùr a-steach a theagasg meadhain-Ghàidhlig.

Bhiodh trì amasan aig a' phrògram:

- a) Oileanaich aig nach eil Gàidhlig idir a thoirt gu fileantachd aig ìre adhartach, no, do dh'oileanaich aig a bheil comas sa chànan mar-thà, sàr thuigse air cànan is cultar na Gàidhlig.
- b) Sàr thuigse a thoirt do dh'oileanaich air na cùisean inntleachd, teagaisg is sòisealta a bhuineas ri togail cànan, ciamar a tha an eanchainn a' leasachadh dà-chànanas agus a' bhuaidh a th' aig dà-chànanas air eanchainn a tha a' fàs.
- c) Cothrom a thoirt do dh'oileanaich an ìre airson Ciad Foghlam Luchd-teagaisg a bhuannachd.

Sgioba le uallach Sgoil nan Litreachasan, Cànanan is Cultaran; Sgoil an Foghlaim

Clàr-ama Bliadhna 2

Gnìomhan A rèir a' phoileasaidh againn air cleachdadh na Gàidhlig ann an obair a thèid a mheasadh, a ghabhadh ris ann an 2009, faodar tràchdasan fo-cheumnach a tha gam measadh agus gan sgrùdadh, a dhèanamh sa Ghàidhlig.

Sgioba le uallach Clàradh Acadaimigeach

Clàr-ama Rè a' Phlana

Gnìomhan Nì an t-Oilthigh oidhirp Taoitear Pearsanta aig a bheil Gàidhlig, anns an Sgoil sa bheil an t-oileanach, a thoirt do dhuine sam bith a dh'iarra.

Sgioba le uallach Ceiltis is Eòlas na h-Alba

Clàr-ama Rè a' Phlana

Gnìomhan Nì an t-Oilthigh oidhirp buidheann oideachaidh tro mheadhan na Gàidhlig a chur air dòigh anns na cuspairean a leanas, a rèir solarachadh thaoitearan agus iartas oileanach: Sìobhaltachd nan Ceilteach 1A agus 1B, Eòlas na h-Alba 1A agus 1B, Eachdraidh na h-Alba sna Meadhan Aoisean agus Eachdraidh na h-Alba san Linn Ùr-nodha Thràth.

Sgioba le uallach Ceiltis is Eòlas na h-Alba; Sgoil Eachdraidh, Eòlais Chlasaigich agus Àrceolais

Clàr-ama Rè a' Phlana

Gnìomhan Ann an com-pàirt le oilthighean Albannach eile a tha a' tabhann Gàidhlig, bidh an t-Oilthigh a' toirt taic gnìomhach don sgoil-shamhraidh bhliadhnail do dh'oileanaich air prògraman ceuma Gàidhlig, agus a' gabhail pàirt innte.

Sgioba le uallach Oifigear na Gàidhlig; Sgoil nan Litreachasan, Cànanan is Cultaran

Clàr-ama Rè a' Phlana

Gnìomhan Nì an t-Oilthigh rannsachadh air cothrom sgeama-còmhnaidh Gàidhlig a stèidheachadh, far am faigheadh oileanaich le Gàidhlig àite-còmhnaidh Oilthigh aig màl lùghdaichte nan gealladh iad Gàidhlig a-mhàin a bhruidhinn san àite-chòmhnaidh agus gun gabhadh iad pàirt ann an tachartasan sanasachd Gàidhlig a bhios an t-Oilthigh a' sònrachadh, a' leantainn mar a thathas a' dèanamh aig Oilthigh Ghlaschu, agus dheidheadh aithisg a dhèanamh air toradh an rannsachaidh.

Sgioba le uallach Oifigear Gàidhlig; Seirbheisean Còmhnaidh

Clàr-ama Bliadhna 3

Gnìomhan Rannsaich an gabhadh Duaisean Ceiltis Blackie a chleachdadh airson aire agus duais a thoirt do dh'oileanaich a chuireas obair a-steach sgriobhte sa Ghàidhlig.

Sgioba le uallach Oifigear na Gàidhlig; Ceiltis is Eòlas na h-Alba

Clàr-ama Bliadhna 3

EARRANN 2 –

Rannsachadh agus sgoilearachd lar-cheumnach

Gnìomhan Cuiridh an t-Oilthigh air adhart rannsachadh air Gàidhlig tron taic a tha e a' toirt do roinn na Ceiltis is Eòlas na h-Alba agus sreath cunbhalach de thachartasan rannsachaidh, a' gabhail a-steach na sreathan bliadhnail de dh'òraidean Shoillse, Òraidean Rannsachaidh Dihaoine ann an Ceiltis is Eòlas na h-Alba agus co-labhairt Rannsachadh na Gàidhlig ann an 2014.

Sgioba le uallach Oifigear na Gàidhlig; Ceiltis is Eòlas na h-Alba

Clàr-ama Rè a' Phlana

Gnìomhan Bheir an t-Oilthigh taic is adhartachadh do na tasglannan Gàidhlig aige, a' gabhail a-steach Tasglann Sgoil Eòlais na h-Alba agus Cruinneachadh MhicGilleMhicheil MhicBhatair.

Sgioba le uallach Colaiste nan Daonnachdan is Saidheans Sòisealta; Buidheann Sheirbheisean Fiosrachaidh

Clàr-ama Rè a' Phlana

Gnìomhan Tairgidh an t-Oilthigh dà sgoilearachd ceithir-bliadhna MSc/PhD mu choinneamh chìsean a-mhàin ann an cànan, litreachas is cultar na Gàidhlig, aon a' tòiseachadh ann an 2013 agus aon ann an 2014.

Sgioba le uallach Sgoil nan Litreachasan, Cànanan is Cultaran

Clàr-ama Bliadhna 2

Gnìomhan A rèir a' phoileasaidh againn air cleachdadh na Gàidhlig ann an obair a thèid a mheasadh, a ghabhadh ris ann an 2009, faodar tràchdasan iar-cheumnach a tha gam measadh agus gan sgrùdadh, a dhèanamh sa Ghàidhlig.

Sgioba le uallach Clàradh Acadaimigeach

Clàr-ama Rè a' Phlana

EARRANN 3 –

Beatha an Oilthigh

Gnìomhan Nì an t-Oilthigh rannsachadh, ann an co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile ann an Dùn Èideann, am biodh e comasach rùm-suidhe Gàidhlig a shònrachadh ann an àrainn Ceàrnag Sheòrais gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh agus taic a thoirt do thachartasan Gàidhlig am measg luchd-obrach is oileanach. Thèid clàr a chumail air toraidhean an sgrùdaidh seo, agus nithear gnìomhan mar a bhios iomchaidh.

Sgioba le uallach Oifigear na Gàidhlig; Sgoil nan Litreachasan, Cànanan is Cultaran

Clàr-ama Bliadhna 2

Gnìomhan Deasaich Poileasaidh Gàidhlig ann an Ceiltis agus Eòlas na h-Alba.

Sgioba le uallach Ceiltis is Eòlas na h-Alba

Clàr-ama Bliadhna 2

Gnìomhan Cuiridh an t-Oilthigh prògram bliadhnail air dòigh de thachartasan ciùil is cultarach Gàidhlig do mhuinntir an Oilthigh agus/no am poball, a' gabhail a-steach seisean inntrigidh don Ghàidhlig ann an Seachdain Tòiseachaidh an Oilthigh, agus cuiridh iad 'Seachdain na Gàidhlig' air dòigh.

Sgioba le uallach Oifigear Gàidhlig; Ceiltis is Eòlas na h-Alba

Clàr-ama Bliadhna 2

Gnìomhan Chì an t-Oilthigh am biodh e comasach sreath de phod-chraolaidhean Gàidhlig a dheasachadh. Thèid clàr a chumail air toraidhean an sgrùdaidh seo, agus nithear gnìomhan mar a bhios iomchaidh.

Sgioba le uallach Oifigear Gàidhlig; Seirbheis Pod-chraolaidh, Sruthadh & Lìon-chraolaidh

Clàr-ama Bliadhna 3

Gnìomhan Chì an t-Oilthigh am biodh e comasach Gàidhlig a thoirt an lùib nan deas-ghnàthan ceumnachaidh.

Sgioba le uallach Clàradh Acadaimigeach; Oifigear na Gàidhlig; Sgoil Chiùil Reid

Clàr-ama Bliadhna 1

Gnìomhan Oobraichidh an t-Oilthigh còmhla ri Comann Oileanach Oilthigh Dhùn Èideann gus cothroman a rannsachadh airson tachartasan fo stiùir nan oileanach a' togail aire mun Ghàidhlig a thoirt an lùib nam prògraman aca, mar phàirt de EUSA Global, am pròiseact eadar-nàiseantachd aca.

Sgioba le uallach Oifigear Gàidhlig; Comann Oileanach Oilthigh Dhùn Èideann

Clàr-ama Rè a' Phlana

Gnìomhan Oobraichidh an t-Oilthigh còmhla ri Comann Oileanach Oilthigh Dhùn Èideann gus cothroman a rannsachadh a bhith ag obair còmhla ri Comann Ceilteach Oilthigh Dhùn Èideann.

Sgioba le uallach Oifigear Gàidhlig; Comann Oileanach Oilthigh Dhùn Èideann

Clàr-ama Rè a' Phlana

EARRANN 4 – Dàimhean coimhearsnachd is Ionnsachadh Fad-bheatha

Gnìomhan Cumaidh an t-Oilthigh ceangal ri buidhnean eile ann an Dùn Èideann a tha a' cur Phlanaichean Gàidhlig an gnìomh airson deagh chleachdadh a roinn agus cuid de thachartasan a dhealbhadh còmhla mar a bhios iomchaidh.

Sgioba le uallach Oifigear Gàidhlig

Clàr-ama Rè a' Phlana

Gnìomhan Cumaidh an t-Oilthigh ceangal ri buidhnean Gàidhlig ann an Dùn Èideann gus dèanamh cinnteach às sanasachd is dàimhean èifeachdach a thaobh nan tachartasan Gàidhlig aige.

Sgioba le uallach Oifigear Gàidhlig

Clàr-ama Rè a' Phlana

Gnìomhan Nì an t-Oilthigh oidhirp na tha e a' tabhann de Ghàidhlig a leasachadh tron Oifis Foghlaim Fad-beatha, ag amas air cùrsa Gàidhlig aig ìre 3 a thabhann a-rithist (oileanaich aig ìre eadar-mheadhanach sa Ghàidhlig).

Sgioba le uallach Oifis Foghlaim Fad-beatha

Clàr-ama Bliadhna 2

CAIBIDEIL 4 – Cur an Gnìomh is Dearcnachadh

Clàr-ama

Bidh am Plana Gàidhlig seo ann an èifeachd gu foirmeil airson còig bliadhna bho Faoilleach 2013 no gus an tèid plana ùr a chur na àite. Nì sinn ath-sgrùdadh air a' phlana ro dheireadh a' chòig bliadhna seo, bruidhnidh sinn ris a' Bhòrd mar a bhios iomchaidh, agus nì sinn atharrachadh sam bith a bhios iomchaidh.

Ann an Caibideil 2 – *Bun-dhleastanasan* agus Caibideil 3 – *Buaidh aig Poileasaidh air Gàidhlig*, tha sinn air cinn-latha a shònrachadh nuair a shùilicheas sinn a thèid dleastanasan àraidh a chur an gnìomh.

Sgaoileadh fios mun Plana

Thèid Plana Gàidhlig Oilthigh Dhùn Èideann fhoillseachadh gu dà-chànanach air làrach-lìn Oilthigh Dhùn Èideann. An toiseach, thèid seo a cheangal ri prìomh dhuilleag dachaigh an Oilthigh (www.ed.ac.uk/), agus às dèidh sin air làrach-lìn Plana Gàidhlig an Oilthigh (www.ed.ac.uk/gaelic). A thuilleadh air sin:

- sgaoilidh sinn fios-naidheachd dà-chànanach a' gairm a' Phlana;
- cuiridh sinn lethbhreacan den Phlana anns na h-oifisean poblach agus àiteachan fàilteachaidh againn;
- innsidh sinn don luchd-obrach mun Phlana tro na modhan conaltraidh taobh a-staigh Oilthigh Dhùn Èideann;
- sgaoilidh sinn lethbhreacan den Phlana do Bhuidhnean Neo-roinneil Poblach, luchd-ionaid is luchd-cùmhnant;
- sgaoilidh sinn lethbhreacan den Phlana do bhuidhnean Gàidhlig;
- sgaoilidh sinn lethbhreacan den Phlana do bhuidhnean eile le ùidh sa chùis; agus
- sgaoilidh sinn lethbhreacan den Phlana do dhuine sam bith a dh'iarra e.

Eagrachadh rianachd airson am Plana Gàidhlig a chur an gnìomh

Is e poileasaidh Oilthigh Dhùn Èideann a th' anns a' Phlana seo agus fhuair e aonta bhon Àrd Bhuidhinn Riaghlaidh air 20 Òg-mhios 2012 agus a' Chùirt air 2 Iuchar 2012.

Àrd-uallach

Is ann air a' Phrionnsapal agus Iar-Sheansalair a bhios an t-àrd-uallach airson dèanamh cinnteach gun coilean Oilthigh Dhùn Èideann na dleastanasan a tha air an ainmeachadh sa Phlana seo.

Luchd-obrach fa leth

Innsidh Buidheann-obrach a' Phlana Ghàidhlig do luchd-obrach fa-leth aig Oilthigh Dhùn Èideann ma bhios gnothach acasan ri gnìomhan is tachartasan a' Phlana Ghàidhlig, gus dèanamh cinnteach gun tèid cumail ris na clàran-ama.

Seirbheisean bho taobh a-muigh an Oilthigh

Nì Oilthigh Dhùn Èideann cinnteach gum bi an fheadhainn a libhrigeas seirbheisean às leth an Oilthigh a' gèilleadh ris a' Phlana Ghàidhlig tro stiùireadh air riathanasan nuair a thèid am fastadh leis an Oilthigh no tro làrach-lìn Oilthigh Dhùn Èideann. Bidh na prionnsapalan seo cuideachd an sàs ann an cùmhnantan le luchd-solair seirbheis bhon taobh a-muigh.

Maoineachadh a' Phlana

Bidh Oilthigh Dhùn Èideann a' maoineachadh nan gnìomhan sa Phlana seo. Tha Bòrd na Gàidhlig a' toirt taic don Oilthigh an-dràsta airson grunn phròiseactan.

Dearcnachadh air cur an Gnìomh a' Phlana

Is ann air Buidheann-obrach Plana Gàidhlig Oilthigh Dhùn Èideann a bhios an t-uallach airson gnìomhachadh a' Phlana a dhearcnachadh agus airson cunntas bliadhnail a thoirt do dh'Àrd Bhuidhinn Riaghlaidh an Oilthigh, air adhartas a dh'ionnsaigh thargaidean. Cuirear lethbhreac de dh'aithisgean bliadhnail gu Bòrd na Gàidhlig.

A' Cur fios thugainn

Is e an t-àrd-oifigear le uallach gnìomhach airson stiùireadh deasachadh, cur an gnìomh agus dearcnachadh Plana Gàidhlig Oilthigh Dhùn Èideann:

Frank Gribben

Neach-clàraidh Colaiste
Colaiste nan Daonnachdan is Saidheans Sòisealta
Oilthigh Dhùn Èideann
55 Ceàrnag Sheòrais
Dùn Èideann EH8 9JU

0131 650 4091

Frank.Gribben@ed.ac.uk

Bu chòir ceistean air obrachadh a' Phlana bho latha gu latha a chur gu:

Bria Mason

Oifigear na Gàidhlig
Oilthigh Dhùn Èideann
27 Ceàrnag Sheòrais
Dùn Èideann EH8 9LD

0131 650 3059

bria.mason@ed.ac.uk